## PAUL GLAZIER - ISLAND

20th August - 31st October 2021

**Paul Glazier** grew up in London and went to Goldsmiths College of London University for his degree in Fine Art, graduating in 1987. It was there that he first printed his photographs taken on Vatersay, the most southerly inhabited island of the Outer Hebrides in Scotland.

By that time he already had a strong relationship with the island since he had been going there regularly from 1978. This relationship has continued and will indeed continue to do so. This selection is taken from different periods ranging from the 80's until the present day.

Returning to the island as often as he can, he captures the changing faces as time leaves its mark. Some of the children in the original photographs now have their own children and even grandchildren, and parents have become great grandparents. The images reflect both the continuity and the changes that have occurred in this community over the past three decades. The heart of the project are the portraits, but the presence of the rugged Hebridean landscape is never far away.

Hoping to be able to chronicle the island for many years to come, Glazier is slowly building a unique document of this small community.

This exhibition was produced by **Street Level Photoworks** and is part of **Everything Flows**, a specially curated coastal exhibition trail programmed by Street Level Photoworks in partnership with regional venues and supported by EventScotland as part of the Year of Coasts and Waters 20/21.





<u>www.streetlevelphotoworks.org</u>

www.photo-networks.scot





Caledonian MacBrayne<sup>®</sup>

## PAUL GLAZIER - EILEAN

20mh Lùnastal - 31 Dàmhair 2021

Dh'fhàs **Paul Glazier** suas ann an Lunnainn. Ann an 1987 fhuair e ceum ann an Ealain Fhìnealta à Colaiste Goldsmiths aig Oilthigh Lunnainn. B' ann an sin a chlò-bhuail e airson a' chiad uair na dealbhan a thog e air Bhatarsaigh, an t-eilean as fhaide deas air a bheil daoine ann an Eileanan Siar na h-Alba. Mun àm sin bha e air dàimh làidir a thogail ris an eilean chionns gu robh e air a bhith a' dol ann gu cunbhalach bho 1978. Tha an dàimh sin air leantainn agus dha-rìribh leanaidh e san àm ri teachd.

Tha an taghadh seo air a thoirt bho dhiofar amannan bho na h-ochdadan chun an latha an-diugh. A' tilleadh chun an eilein cho tric 's is urrainn dha, tha e a' glacadh mar a tha aodainn ag atharrachadh agus tìm a' fàgail a làrach fhèin orra. Tha an clann fhèin 's an oghaichean fiùs a-nis aig cuid den chloinn a bh' anns a' chiad dhealbhan, agus tha pàrantan nan sinn-seanairean is sinn-seanmhairean. Tha na h-ìomhaighean nan sgàthan air leantainneachd na coimhearsnachd seo ach cuideachd air na h-atharraichean a tha air a thighinn air thairis air an deich bliadhna fichead a dh'fhalbh. Aig cridhe a' phròiseact tha dealbhan nan daoine, ach chan eil dealbh-tìre corrach Innse-

Gallach fad air falbh aig àm sam bith.

Le dòchas gun tèid aige air an eilean a chlàradh fad iomadh bliadhna fhathast, tha Glazier air a shocair a' cur ri chèile cunntas gun choimeas air a' choimhearsnachd bheag seo.

Chaidh an taisbeanadh seo a thoirt gu buil le **Street Level Photoworks** agus tha e na phàirt de **Everything Flows**, slighe taisbeanaidh cladaich air a leigheas gu sònraichte air a phrògramachadh le Street Level Photoworks ann an compàirteachas le ionadan roinneil agus le taic bho EventScotland





<u>www.streetlevelphotoworks.org</u>

www.photo-networks.scot





Caledonian MacBrayne<sup>®</sup>